

20 An Cèitean 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

Anns a' Mhàrt 2024, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh litir mu Acadamaidh Pheairt. Mhìnich an litir grunn raointean airson leasachadh a dh'aontaich sinn leis an sgoil agus le Comhairle Pheairt is Cheann Rois. O chionn ghoirid, mar 's dòcha gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus bho luchd-obrach eile mu na ceumannan leasachaidh a tha an sgoil air gabhail. Thug sinn sùil air raointean sònraichte a chaidh a chomharrachadh sa chiad sgrùdadh agus air taobhan eile obair na sgoile. Mar thoradh air sin, fhuair sinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh agus dè cho math 's a tha seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanadh dhaoine òga. Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn.

Bu chòir don ùghdarras ionadail leantainn orra ag obair còmhla ris a' cheannard gus stiùireadh na sgoile a chumail air bhunailt agus tuilleadh taic a chumail ri leasachadh na sgoile. Bu chòir do na prìomh chom-pàirtichean uile, nam measg seo luchd-ionnsachaidh, conaltradh nas èifeachdaiche a dhèanamh airson a bhith ag aontachadh nam prìomhachasan leasachaidh.

Tha an sgoil air adhartas a dhèanamh anns an raon leasachaidh seo.

Tha àrd-stiùirichean a' brosnachadh atharrachadh aig astar luath thar gach raon den sgoil. Tha an ceannardas aig àrd-ìre taobh a-staigh na sgoile a-nis nas seasmhaiche. Tha an sgioba stiùiridh àrd-ìre an-dràsta air a dhèanamh suas den cheannard agus ceathrar leas-cheannardan. Tha an seasmhachd seo a' leantainn gu leasachaidhean cudromach ann an càileachd an teagaisg is an ionnsachaidh ann an Acadamaidh Pheairt.

Chomharraich a' chiad sgrùdadh gum feumadh ceannardas a bhith air a leasachadh a bhios a' toirt a-steach a h-uile duine air feadh coimhearsnachd na sgoile. Fo stiùireadh a' cheannard, tha an sgioba stiùiridh àrd-ìre ag obair còmhla nas fheàrr gus prìomh thaobhan de obair na sgoile a leasachadh tro na raointean-obrach ro-innleachdail aca. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cur fòcas air tuilleadh leasachaidh air cultar co-obrachail far a bheil a h-uile ball coimhearsnachd na sgoile a' faireachdainn luachmhor, cumhachdach agus spèiseil. Tha e cudromach gum bi luachan na sgoile air an nochdadh le gach ball coimhearsnachd na sgoile seo.

Tha stiùirichean meadhanach ag aithris gu bheil iad a' faireachdainn cumhachdach gus na roinnean agus na dàimhan aca a leasachadh agus a mathachadh. Tha seo a' gabhail a-steach tro bhith a' cur dhòighean-obrach nas làidire ri chèile airson sùil a chumail air an obair aca agus a mheasadh. A bharrachd air sin, tha stiùirichean meadhanach a' co-roinn deagh chleachdadh nas gnìomhaiche air feadh na sgoile.

Tha ceannardas le daoine òga air a dhol am feabhas bhon chiad sgrùdadh. Tha stiùirichean Guth nan Sgoilearan, a' bhuidheann Co-ionannachd agus tosgairean a tha a' Toirt Urram do Chòraichean nan eisimpleirean làidir de far a bheil seo ag obair gu math. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean cumail orra a' leasachadh seo nas fhaide san sgoil gus dèanamh cinnteach gu

bheilear a' bruidhinn ris a h-uile duine òg agus gu bheil iad an sàs ann a bhith a' leasachadh phrìomhachasan, phròiseasan agus phoileasaidhean mathachaidh na sgoile a bheir buaidh dhìreach orra. Bu chòir gnìomhan a thèid a dhèanamh mar thoradh dìreach air co-chomhairle a bhith nas soilleire do dhaoine òga. Cuidichidh seo gach neach òg aithneachadh gu bheilear ag èisteachd ri na beachdan aca agus gan toirt fa-near, a' neartachadh am faireachdainn de bhuinteanas agus am moit ann an coimhearsnachd na sgoile aca.

Feumaidh luchd-obrach càileachd ionnsachaidh is teagaisg a leasachadh air feadh na sgoile. Bu chòir dhaibh gnìomhan is gnìomhachdan nas brosnachaile, buntainnich a phlanadh agus an ìre duilgheadais dhòigheil a shuidheachadh do dhaoine òga.

Tha adhartas math air a bhith ann san raon seo airson leasachaidh bhon chiad sgrùdadh.

Tha fòcas soilleir air a bhith air leasachadh càileachd an ionnsachaidh, an teagaisg agus a' mheasaidh thar na sgoile.

Tha buidheann-obrach Ionnsachadh, Teagaisg agus Measadh (LTA), ann an com-pàirteachas le daoine òga agus pàrantan, air 'Ar n-lonnsachadh' a leasachadh - dòigh-obrach Acadamaidh Pheairt a thaobh ionnsachadh, teagasg agus measadh. Tha seo a' toirt taic mhath do leasachaidhean ann an cunbhalachd agus cleachdaidhean ionnsachaidh. Bidh daoine òga agus tidsearan a' bruidhinn le misneachd mun dòigh-obrach seo. Tha iad ag aithris gu bheil buaidh mhath aige air brosnachadh agus com-pàirteachadh a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh.

Mar phàirt de 'Ar n-lonnsachadh' tha an sgoil air fòcas a chur air leasachadh mar a bhios tidsearan a' roinn adhbhar an ionnsachaidh le daoine òga agus a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn. Tha a' mhòr-chuid de thidsearan a-nis a' cleachdadh tòiseachaidhean gu cunbhalach, adhbhar an ionnsachaidh agus mar as urrainn do dhaoine òga ionnsachadh soirbheachail aithneachadh taobh a-staigh leasan. Tha a' mhòr-chuid de thidsearan a-nis a' toirt taic nas èifeachdaiche do dhaoine òga gus meòrachadh nas fheàrr air an ionnsachadh.

Tha àrd-stiùirichean agus luchd-obrach aig ìre thràth ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil leasan air am planadh gu faiceallach gus aire a thoirt do fheumalachdan nan daoine òga uile. Ro thrì bidh daoine òga ann an clasaichean a' dèanamh nan aon ghnìomhan agus ghnìomhachdan nuair a bhios feum aig cuid de dhaoine òga air gnìomhan nas duilghe. Feumaidh tidsearan beachdachadh gu mionaideach air mar a bhios iad a' dealbhadh agus a' toirt seachad ghnìomhachdan ionnsachaidh a bheir aire nas fheàrr do fheumalachdan nan daoine òga uile, a' gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil feum air barrachd dùbhlain nan ionnsachadh.

Bu chòir do àrd-cheannardan is luchd-obrach lèirmheas a dhèanamh air dòighean leasachadh sunnd, buileachaidh agus coileanaidh gus an tèid aig a h-uile neach òg an comas a thoirt gu bàrr agus soirbheachadh. Bu chòir do na com-pàirtichean uile cuideachadh le sunnd coimhearsnachd na sgoile gu lèir a leasachadh.

Chan eil adhartas gu leòr air a bhith ann an raon sunnd.

Tha poileasaidh dàimhean na sgoile follaiseach air feadh na sgoile agus anns a' mhòr-chuid de chlasaichean, tha dàimhean eadar luchd-obrach agus daoine òga deimhinneach. Bu chòir

don sgoil beachdachadh a-nis air raon de ro-innleachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga a' faireachdainn gu bheilear a' dèiligeadh riutha gu cothromach agus gu ceart. Dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach fòcas na sgoile gu lèir air còraichean chloinne mar phàirt den oidhirp aca a dh'ionnsaigh teisteanas Òir, Sgoiltean le Spèis do Chòraichean. Chan eil beagan dhaoine òga fhathast a' nochdadh luachan na sgoile anns a h-uile seòmar-sgoile.

Tha giùlan beagan dhaoine òga anns na trannsaichean agus na seòmraichean-teagaisg fhathast ag adhbhrachadh dragh do chàch. Bhruidhinn co-labhairt guth nan sgoilearan o chionn ghoirid air a' chùis seo, agus chaidh 'Cairt na Trannsa' a dhreacadh. Chan eil seo air a chur air bhog fhathast, agus bu chòir do phrìomh stiùirichean seo agus ro-innleachdan eile a chleachdadh ann an co-chomhairle ris na daoine òga uile gus dèiligeadh ris na draghan aca. Tha e cudromach gun lean an luchd-obrach air adhart leis an obair aca gus dèanamh cinnteach gu bheil àrainneachd shàmhach agus adhbharach ann air feadh gach raon den sgoil.

Tha beag-chuid de luchd-obrach agus daoine òga fhathast ag aithris nach eil taic mhath ga thoirt don sunnd aca. Feumaidh àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh ghoireasan gu h-iomchaidh gus taic a thoirt do shunnd luchd-obrach agus sgoilearan.

Chan eil mion-chuid den luchd-obrach làn mothachail fhathast air feumalachdan dhaoine òga nan clasaichean agus na dleastanasan aca a thaobh coinneachadh ris na feumalachdan aca. Bu chòir an siostam air-loidhne a chuireas fiosrachadh ri luchd-obrach mu fheumalachdan dhaoine òga agus ro-innleachdan gus taic a thoirt dhaibh a bhith air a dhèanamh nas sìmplidhe a-nis airson a chleachdadh le tidsearan. Bu chòir do phrìomh stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil barrachd misneachd aig a h-uile neach-obrach a-nis ann a bhith a' toirt taic nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh agus sùil a chumail air mar a tha seo a' leantainn gu builean nas fheàrr do dhaoine òga.

Tha luchd-obrach air a bhith an sàs ann an trèanadh air sunnd agus air tuigse cho-roinnte aontachadh air cànan sunnd. Chan eil e follaiseach an-dràsta gu bheil seo a' leantainn gu builean soirbheachail dhan a h-uile neach òg. Feumaidh a h-uile neach-obrach a bhith nas soilleire mu na dleastanasan aca ann a bhith a' dèanamh cinnteach à sunnd nan uile. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach gu lèir a' toirt taic làidir do shunnd dhaoine òga tron plannadh aca airson ionnsachaidh.

Tha feum fhathast ann airson leasachaidhean ann an coileanadh agus soirbheachas. Bu chòir do luchd-obrach àrd-ìre beachdachadh air mar a tha iad a' toirt taic don leasachadh seo tro churraicealam iomchaidh airson co-ionannachd agus sàr-mhathais.

Bu chòir don ùghdarras ionadail taic a chumail ri luchd-obrach fhad 's a tha iad a' leasachadh na Gàidhlig agus a' cur an gnìomh an lèirsinn airson atharrachaidh. Bu chòir brosnachadh a thoirt do dhaoine òga Foghlam Meadhan Gàidhlig a dhèanamh bhon bhun-ìre chun dàrna-ìre agus tron ìre as àirde gus teisteanasan fhaighinn. Bu chòir don luchd-obrach air feadh na sgoile am pàirt-san a ghabhail airson beachd fàbharach don Ghàidhlig a bhrosnaicheas ceartas is co-ionannachd a leasachadh.

Tha an sgoil air adhartas iomchaidh a dhèanamh a thaobh dèiligeadh ris an raon leasachaidh seo.

Tha an ceannard a' nochdadh deagh dhealas airson leantainn air adhart a' leasachadh agus ag adhartachadh Foghlam Meadhan Gàidhlig taobh a-staigh Acadamaidh Pheairt. Tha an taghadh o chionn ghoirid de thidsearan stiùiridh airson bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais ionadail a' cuideachadh le bhith a' toirt seachad sealladh nas soilleire airson Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh). Tha prìomhachasan mionaideach a' phlana leasachaidh a' leantainn gu sealladh nas soilleire airson an raoin obrach seo. Bu chòir don ùghdarras ionadail cumail orra a' conaltradh leis an sgoil gus coinneachadh ri toraidhean Plana Gàidhlig na comhairle fhèin.

Bidh àrd-stiùirichean a' toirt a-steach luchd-obrach na sgoile gu lèir ann an ionnsachadh proifeasanta a tha sònraichte don Ghàidhlig. Mar thoradh air an sin, tha tuigse thidsearan air prìonnsabalan Foghlaim Meadhan Gàidhlig air a neartachadh. Tha iad mothachail air na h-aithrisean airson na Gàidhlig ann an inbhean proifeasanta Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS) agus tha iad ag aithneachadh an dleastanasan. Tha beagan thidsearan a' tòiseachadh air tuigse air Gàidhlig a bhrosnachadh anns na cuspairean aca, mar eisimpleir, tro òrain taobh a-staigh ceòl Albannach agus cruthachadh teacsa Gàidhlig taobh a-staigh theicneòlasan. Tha leasan na Gàidhlig gan tabhann do luchd-obrach aig a bheil ùidh. Bidh seo a' brosnachadh feallsanachd Gàidhlig nas deimhinneach agus nas in-ghabhalaiche air feadh na sgoile.

Bidh àrd-stiùirichean agus tidsearan le uallach airson na Gàidhlig ag obair gu math còmhla gus prìomhachasan buntainneach a chur an gnìomh taobh a-staigh plana leasachaidh na roinne aca. Tha seo a' leantainn gu atharrachadh adhartach agus leasachaidhean sa Ghàidhlig do dhaoine òga taobh a-staigh na sgoile. Tha daoine òga moiteil às cho follaiseach 's a tha a' Ghàidhlig air feadh na sgoile. Chaidh ath-bhrannadh a dhèanamh o chionn ghoirid air lèirsinn agus luachan na sgoile, le teacsa Gàidhlig air na postairean a tha air an taisbeanadh anns na clasaichean. Tha còraichean chloinne air an taisbeanadh ann an Gàidhlig cuideachd. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean barrachd fiosrachaidh a thoirt seachad mu sholarachadh na Gàidhlig air làrach-lìn na sgoile agus ann an leabhar-làimhe na sgoile. Bu chòir seo a bhith a' toirt a-steach gu bheil solar Gàidhlig na sgoile a' frithealadh a' bhaile air fad, a' toirt iomradh air buannachdan dà-chànanais, agus mion-fhiosrachadh mun churraicealam. Tha comas ann fhathast airson barrachd dhaoine òga Foghlam Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Foghlam Meadhan Gàidhlig a thaghadh.

Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air beagan adhartas a dhèanamh bhon sgrùdadh thùsail. Nì sinn ceangal ri Comhairle Pheairt is Cheann Rois a thaobh comas na sgoile air leasachadh a dhèanamh. Tillidh sinn gus sgrùdadh eile a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh 23 mhìos bho fhoillseachadh na litreach seo. Beachdaichidh sinn còmhla ri Comhairle Pheairt is Cheann Rois air mion-phuingean an sgrùdaidh seo agus mar a tha an t-ùghdarras ionadail a' toirt taic do leasachadh. Nuair a thilleas sinn a sgrùdadh na sgoile, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan a dh'innse mun adhartas a rinn an sgoil.

Teri McIntosh
Neach-sgrùdaidh an Rìgh